

Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

**Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig:
A' gluasad air adhart**

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig: A' gluasad air adhart

Prìomh fhiosrachadh:

- Feumaidh sgoiltean agus com-pàirtichean a bhith an sàs ann an conaltradh a thaobh a bhith a' planadh ionnsachadh 3-18 airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gum bi leantainneachd agus adhartas ann an ionnsachadh thar nan raointean curraicealam air fad, gu sònraichte a' dol a-steach gu P1, eadar P7 is AS1 agus bhon fhoghlam fharsaing choitcheann a-steach chun na h-ìre as sine.

11.1 Is iad na gluasadan air adhart, na gluasadan a tha clann is daoine òga a' dèanamh bhon dachaigh chun na sgoil-àraich, bho ìre gu ìre (agus tro ìrean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais), bho bhun-sgoil chun na h-àrd-sgoile, eadar sgoiltean, agus bhon àrd-sgoil gu foghlam adhartach agus àrd-ìre agus gu obair. Tha e riatanach gum bi ullachaidhean gluasad air adhart èifeachdach nan àite airson na cloinne 's nan daoine òga a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig mar a bhios iad a' gluasad bho ìre gu ìre. Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' cur an cèill targaid àrd-amasach a thaobh a bhith a' meudachadh nan àireamhan a bhios a' clàradh ann am P1 mu 2017. Gus àm ri teachd a bhios seasmhach airson a' chànain a chruthachadh, feumaidh an targaid a bhith air a dhèanamh seasmhach tron fhoghlam fharsaing choitcheann a bhios a' leantainn air adhart gu duaisean is teisteanasan aig an ìre as sine.

11.2 Feumaidh sgoiltean agus com-pàirtichean co-obrachadh ann a bhith a' planadh ionnsachadh 3-18 airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gum bi leantainneachd is adhartas ann an ionnsachadh a' dol thar nan raointean curraicealaim air fad, gu sònraichte a-steach gu P1, eadar P7 is AS1 agus bhon fhoghlam fharsaing choitcheann a-steach chun na h-ìre as sine. Feumaidh barrachd mothachaidh a bhith air a thoirt don ìre thràth de Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, a' tòiseachadh aig aois trì bliadhna le leantainneachd a-steach gu P1.

